




Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

CÀNAN AGUS CLEAS

Deasaichte le Ellen Jack, Comhairle na Gàidhealtachd



Notaichean airson nan tidsearan



Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Anns an Sgoil	4
Fòcas air Ficsean	
Cù Sgoile.....	5
Anns an Dubh Dorcha	10
Boban	11
Fòcas air Neo-Ficsean	
Beathaichean	12
Ann an Afraga.....	13
A’ glanadh tanca òr-iasg / a’ biathadh peata.....	14
Fèill Pheataichean	19
Peataichean.....	20
Dealbh le Faclan	22
Fòcas air Ficsean	
Uair a bha siud	23
Dochaidh Beag agus Dochaidh Mòr.....	24
Na Trì Mathain	26
O o.....	30
Tuilleadh spòrs le Boban	31



Ro-ràdh

Ann an leabhar seo tha eisimpleirean de dhiofar seòrsa sgrìobhaidhean a ghabhadh cleachdadh leis a' chloinn ann an iomadach dòigh. Seasaidh an leabhar leis fhèin ach tha barrachd ri fhaighinn às le bhith ga chleachdadh leis na notaichean.

Aig a h-uile ìre tha beachdan ann air dòighean còmhraidh na cloinne a thoirt air adhart.

Dòighean-obrach airson co-sgrìobhadh:

Tha an tidsear na 'modail' dha na sgrìobhadairean òga. Tha i sealltainn nan smuaintean a bhios aig sgrìobhadair nuair a tha aice ri pìos sgrìobhaidh a dhèanamh leis mar a bhios e:

1. A' planadh
2. A' cur cruth air teacsa
3. A' taghadh fhaclan agus a' sgrìobhadh ann an seantansan
4. A' toirt sùil eile air na sgrìobh e agus ga atharrachadh

Airson seo a mhìneachadh tha notaichean gu math mionaideach ann airson cuid de na pìosan sgrìobhaidh. Dh' fhaodar an aon dòighean a leantainn airson na pìosan eile. Tha e gu math cudromach aig gach ìre gum faigh a'chlann cothrom bruidhinn air na tha iad a' dol a sgrìobhadh mus cuir iad peann ri paipear.



Tha **Duilleagan-obrach** ann airson taic a thoirt dhan a chloinn leis an sgrìobhadh aca. Tha iad seo furasta an dèanamh nas duilghe neo nas fhasa a-rèir comais na cloinne.



Anns an Sgoil

Còmhradh agus Geamannan

Tha dealbh air td (taobh-duilleig) 2 agus 3 den leabhar mhòr a' sealltainn saoghal air a bheil a' chlann eòlach.

Thoir cothrom dhan chloinn còmhradh a dhèanamh mu dheidhinn.

Dè tha tachairt anns an dealbh? Ciamar a tha an suidheachadh anns an dealbh coltach ri, no eadar-dhealaichte, bhon an t-suidheachadh aca fhèin?

A' brosnachadh cainnt

Tha na dealbhan freagarrach airson iomadach seòrsa cainnt a bhrosnachadh

- àireamh chloinne, mar eisimpleir, tha triùir nigheanan ag èisteachd ri stòiridh, agus msaa (mar sin air adhart)
- is toigh leis/leatha/leotha/leamsa..
- còmhradh a dhèanamh air mar a tha a' chlann anns an dealbh a' faireachdainn

Geamannan



Mim – Càit a bheil mi?

Dh'fhaodadh pàiste dhà no trì gluasadan a dhèanamh, mar eisimpleir a' sgrìobhadh anns a' chlas, ag ithe biadh agus a' sgiobadh anns an raon-chluiche.

Brosnaich a' chlann gu bhith a' cleachdadh a' chànan – *An toiseach bha thu an uair sin bha thu..... 's mu dheireadh bha thu.....*



Ciamar a tha mi a' faireachdainn?



Feumadh tu **Gèam Duilleag-obrach 1**. Maids na cairtean ris a' chloinn anns an dealbh agus dèan còmhradh air mar a tha a' chlann a' faireachdainn.

Brosnaich a' chlann gus na faclan a chleachdadh.

An uair sin thoir dhaibh aon chairt eadar dithis. Feumaidh iad smaointinn air suidheachadh far am biodh iad a' faireachdainn mar a tha sgrìobhte air a' chairt. Faodaidh an tidsear a dhol timcheall gus èisteachd agus bruidhinn riutha mus innis iad dhan a' chlas ciamar a tha iad a' faireachdainn. Dh'fhaodadh iad beagan dràma a dhèanamh leis cuideachd.



Cù Sgoile

Mar a sgrìobhas sinn leabhar stòiridh le dealbhan

A. A' leughadh stòiridh le pàtran.

Fosgail an leabhar aig td 4 agus seall dhaibh an tiotal.

Faighnich dhaibh a bheil beachd aca cò mu dheidhinn a tha an stòiridh. Leugh an stòiridh agus thoir cothrom dhan a' chloinn a bhith a' cur a-staigh ainm an latha. Aig an deireadh bruidhinn mu dheidhinn mar a tha na làithean a' toirt pàtran dhan stòiridh.

Brosnaich a' chlann gus an stòiridh innse. Cuidich iad le ceistean mar Dè rinn Bragan Diciadain? Dh'fhaodadh iad sealltainn dhan a' chlas, le mìm, feadhainn de na rudan a rinn e.

A bheil cuimhne aig duine sam bith air gin dhe na faclan a chleachd sinn airson Bragan? (crosta, mosach...) Dèan barrachd còmhraidh mun deidhinn.

Am faic a' chlann pàtrain sam bith eile san stòiridh? Comharran-clisge...

Dè tha eadar-dhealaichte aig an deireadh? A bheil deireadh shona aig a h-uile stòiridh? Dè an seòrsa deireadh stòiridh as fheàrr leat fhèin?

Leugh tron stòiridh aon turas eile, a' cur do chorraig air na faclan agus a' brosnachadh na cloinne gu bhith ga leughadh còmhla riut.

Gnìomh



Duilleag-obrach 1: Feumaidh a' chlann na làithean ceart a sgrìobhadh anns na bogsaichean. Fhad 's a bhios iad ga dhèanamh, broснаich iad gu bhith ag innse na stòiridh anns an òrdugh cheart agus a bhith a' cleachdadh a' chànain agus na faclan a bha anns an stòiridh.

Co-dhùnadh.

Innis an stòiridh aon turas eile 's thoir cothrom dhan a' chloinn a bhith ag ath-innse pàrtean dhith.



B. A' planadh stòiridh le pàtran



Feumaidh tu : Leabhar Mòr td 4 agus 5, Leabhar Mòr td 40 (Clàr-planaidh A) no pìos mòr pàipeir, pìos acetate agus peann.

Iarr air pàiste an stòiridh innse dhan a' chlas, a' cleachdadh an Duilleag-obrach aige fhèin. Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a dhèanamh leabhar stòiridh airson nan clasaichean eile. Tha an stòiridh agaibhse a' dol a leantainn an aon seòrsa pàtrain 's a bh' air Cù Sgoile'. An toiseach feumaidh sibh plana a dhèanamh air chor 's gum bi cuimhne agaibh air ur beachdan.

Chan ann mu dheidhinn cù a bhios an stòiridh agaibhse. Feumaidh sibh caractar ùr a thaghadh. Dèanaibh còmhradh mu dheidhinn. Cò ris a bhios e coltach? Taghaibh ainm. Coimheadaibh air ais air an stòiridh eile airson faclan a tha ag innse dhuibh rudeigin mu Bhragan, me(mar eisimpleir) mòr, beothail. Smaoinichibh mu dheidhinn a' caractair agaibhse. An urrainn dhan a' chloinn faclan a thoirt dhut a nì dealbh dheth? Cuidich a' chlann leis an seo agus sgrìobh na faclan a chanas iad air a' bhòrd.

Fosgail an leabhar mòr aig a' Chlar-phlanaidh. Anns a' chiad bhogsa, dèan dealbh luath dhen a' caractar a thagh iad, a' sealltainn feadhainn de na buadhairean a thuirt iad. Anns a' bhogsa ri thaobh, sgrìobh na buadhairean a thagh sibhse.

Bruidhinn mu dheidhinn rudan a dh'fhaodadh tachairt dhan a' caractar agaibh, rudan a dh'fhaodadh a dhol ceàrr. Dèan dealbh luath anns gach bogsa airson gach latha agus sgrìobh gnìomhairean airson gach latha.

Smaoinich air ais chun na stòiridh mu Bhragan. Bha deireadh gu math sunndach air an stòiridh. An toigh leotha deireadh shona? Dè an seòrsa deiridh a chuireas sinn air an stòiridh againne? Dh'fhaodadh iad bhòtadh mu dheidhinn.

An uair sin iarr orra a ràdh dè bhiodh iad a' smaoinichadh mu dheidhinn a' caractair ùir aca nam biodh e a' dèanamh nan rudan seo. Sgrìobh na beachdan aca anns gach bogsa, a' taghadh fhaclan freagarrach – seall dhaibh mar a dh'fheumas tu a bhith a' smaointinn agus a' taghadh eadar faclan gus am facal as fheàrr fhaighinn. Cùm am plana seo airson an ath sheisein.

Innis dhaibh gu bheil iad a' dol a dhèanamh plana dhaibh fhèin.

Gnìomh



Duilleag-obrach 2. A rèir comais, cum an clas mar aon bhuidheann no dèan dà leth air. Iarr air buidheann 1, no an clas gu lèir, an còrr de na làithean a sgrìobhadh anns na bogsaichean ceart. An uair sin iarr orra na dealbhan a dhèanamh bhon a' phlana mhòr airson **Diluain** agus **Dimàirt**. Feumaidh iad na tachartasan aca fhèin a chur ann airson



Diciadain, Diardaoin agus Dihaoine. Feumaidh iad aon ghnìomhair agus aon bhuadhair a sgrìobhadh airson gach latha.

Ma tha buidheann 2 agaibh iarr orra na làithean a sgrìobhadh anns na bogsaichean ceart agus an uair sin na dealbhan a dhèanamh bhon a' phlana mhòr airson **Diluain, Diardaoin** agus **Dihaoine**. Feumaidh iad na tachartasan aca fhèin a chur ann airson Dimàirt agus Diciadain agus an uair sin aon ghnìomhair agus aon bhuadhair airson gach latha.

Nuair a bhios iad a' dèanamh nan dealbhan aca, cuimhnich dhaibh nach eil a dhìth ach 'dealbh luath' – chan fheum a h-uile rud a bhith innte.

Co-dhùnadh

Dh'fhaodadh gach buidheann na beachdan aca fhèin a leughadh a-mach. Brosnaich feadhainn dhiubh gus an stòiridh a leughadh bhon a' phlana aca. Aig an deireadh, cuimhnich dhaibh gu bheil aca ris an aon structar a chleachdadh 's a bha air an stòiridh aig Bragan.

Innis dhaibh gu bheil iad a' dol a chleachdadh a' phlana aca an ath sheisean airson an stòiridh aca fhèin a sgrìobhadh.

C. A' dèanamh a' chiad dreachd.



Feumaidh tu: Plana a' chlas, leabhar mòr td 4 agus 5, duilleagan mòra de phàipeir.

Innis dhan chloinn gu bheil sibh a' dol a chleachdadh a' phlana a rinn sibh roimhe airson ur cuideachadh. Cuimhnichibh gu bheil an aon phàtran 's a bh' air an stòiridh aig Bragan gu bhith air an stòiridh agaibhse ach gu bheil rudan diofraichte a dol a thachairt.

Seall dhaibh plana a' chlas agus an stòiridh "Cù Sgoile".

Ciamar a dh'fhaodadh sibh a' chiad sheantans atharrachadh? Tòisich le bhith ag ràdh (Diluain sa chaidh)

Cuir suas a' chiad phìos pàipeir agus can gu bheil sibh a' dol a sgrìobhadh pìos air gach duilleig air chor 's gum bi àite ann airson dealbhan a chur ris. Sgrìobh a' chiad sheantans.

Coimhead air ais air an stòiridh aig Bragan airson an dàrna seantans agus brosnach a' chlann gus innse dhut dè sgrìobhas tu.

Nuair a bhios tu a' sgrìobhadh an ainm, faighnich dhiubh carson a tha thu a' cleachdadh litir mhòr. Iarr orra leughadh air ais na sgrìobh thu. An e seantans a tha ann? Ciamar a tha fios aca?



Coimhead air an ath sheantans. (“S e cù mòr beothail a bh’ ann.”) Leugh an t-seantans a-mach agus broснаich a’ chlann gus na faclan a chuir iadsan dhan phlana a chleachdadh.

Tòisich an ath dhuilleag le “Dimàirt ... Iarr air a’ chloinn coimhead air a’ phlana gus cuimhneachadh dè thachair. Bruidhinn mu dheidhinn na sgrìobhas tu, mar eisimpleir “Dimàirt dh’ith e na peansailean gu lèir.”

Iarr air a’ chloinn innse dhut bhon a’ phlana acasan dè tha iadsan a’ dol a sgrìobhadh. Leugh an ath loidhne bhon an stòiridh – “Ud, ud, abair cù crosta,” thuirt an tidsear. A bheil seo freagarrach airson na stòiridh againne? Dè am facal a chleachdas sinne? Sgrìobh an t-seantans, a’ cur a-steach an fhacail a thagh iadsan. Iarr orra smaoineachadh air dè am facal a chleachdadh iadsan anns an stòiridh aca fhèin. Dh’fhaodadh iad na seantansan aca fhèin fheuchainn a-mach.

Sgrìobh seantansan airson Diciadain, Diardaoin agus Dihaoine anns an aon dòigh. Smaoinich ciamar a bhios Dihaoine diofraichte.

Gnìomh



Innis dhaibh gu bheil iadsan a’ dol a sgrìobhadh nam pìosan aca fhèin a’ cleachdadh a’ phlana a rinn iad roimhe. Dh’fhaodadh iad **Duilleag-obrach 3** a chleachdadh no pìos pàipeir, a rèir comais

D. A’ toirt sùil air ais agus ag atharrachadh a rèir feum.



Feumaidh tu: stòiridh a’ chlas, eisimpleirean de sgrìobhadh na cloinne (air an dèanamh nas motha) agus pìosan anns a bheil mearachdan (litreachadh, puingeachadh)

Leugh tro stòiridh a’ chlas. Can gu bheil aig sgrìobhadairean daonnan ri dhol tron an sgrìobhadh aca mus fhoillsich iad e gus dèanamh cinnteach nach eil mearachdan ann. Ma tha atharrachadh sam bith ri dhèanamh, seall mar a dh’fhaodadh tu seo a dhèanamh.

Sgrìobh na h-eisimpleirean agus leugh tromhpa, a’ sealltainn nan rudan a tha math mun deidhinn mar structair, beachdan ...

Faighnich den sgrìobhadair fhèin am faic iad mearachdan sam bith. Faighnich dhiubh ciamar a dh’fhaodadh iad an ceartachadh.

Gnìomh

Dh’fhaodadh a’ chlann a bhith ag obair nan càraidean ’s a dhol thairis air na seantansan aca fhèin, agus ceartachadh sam bith a dhèanamh.



Co-dhùnadh

Faighnich den chloinn mu dheidhinn mearachd sam bith a lorg iad agus ciamar a cheartaich iad i.

Dh'fhaodadh iad na làithean aca fhèin a sgrìobhadh air duilleag A4, a' cleachdadh a' phlana aca, agus dealbh a chur ris.

Innis dhaibh gu bheil iad a' dol a dhèanamh an leabhair san ath sheisein.

E. A' foillseachadh an leabhair



Feumaidh tu: Stòiridh a' chlas, stòiridhean na cloinne, pìosan pàipeir airson beulaibh an leabhair agus eisimpleir de leabhar stòiridh.

Innis dhan chloinn gu bheil sibh deiseil a-nis airson na stòiridhean a chur còmhla ann an leabhar airson nan clasaichean eile.

Cruinnich na pìosan obrach còmhla agus aontaichibh dè an t-òrdugh a chuireas sibh air an leabhar, mar eisimpleir teacsa a' chlas airson Diluain an toiseach, an uair sin a h-uile Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin agus teacsa a' chlas airson Dihaoine.

Dè bhios a' dol air beulaibh an leabhair? Coimhead air eisimpleir de leabhar agus theirig thairis air na faclan, tiotal agus sgrìobhadair.

Coimhead air na litrichean mòra a tha anns an tiotal agus a tha ann an ainm an sgrìobhadair. Coimhead cuideachd air meudachd nan litrichean a tha iad a' cleachdadh.

Taghaibh tiotal agus sgrìobh e, ag iarraidh comhairle air a' chloinn a thaobh meudachd, litreachadh, litrichean mòra ...

Taghaibh dealbh airson beulaibh an leabhair.

Dh'fhaodadh iad a bhith ag obair ann am buidhnean measgaichte gus leabhar a chur còmhla. Dh'fheumadh iad an obair a roinn a-mach, mar eisimpleir cuideigin a' dèanamh beulaibh an leabhair (bhiodh e math nan dèanadh a' bhuidheann beagan còmhraidh mu dheidhinn seo gus beachdan a h-uile duine fhaighinn), cuideigin a' dèanamh Diluain (teacsa a' chlas), cuideigin a' cruinneachadh a h-uile Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin agus gan cur ann an òrdugh agus cuideigin a' dèanamh Dihaoine.

Thoir taic dhan chloinn aig an ìre seo, a' cuimhneachadh nam puingean teagaisg:

- Pàtran na stòiridh
- Làithean na seachdaine
- Seantansan



Anns an Dubh Dorcha

A' sgrìobhadh bàrdachd



Feumaidh tu: Leabhar Mòr td 6 agus 7, pìos mòr pàipeir

Coimhead air ‘Anns an Dubh Dorcha’ anns an leabhar mhòr. Leugh an tiotal agus dèan beagan còmhraidh air na bhios a’ tachairt air an oidhche agus na creutairean a bhios nan dùisg.

Leugh a’ bhàrdachd, a’ sealltainn ruitheam agus comhardadh gu soilleir le do ghuth.

Leugh a’ bhàrdachd a-rithist, a’ stad aig a’ chomhardadh agus a’ feuchainn ri bhith a’ toirt misneachd dhan a’ chloinn na faclan a ràdh.

Bruidhinn mu na faclan agus mu na fuaimean a bhios aig na sradagan agus na lasraichean. Faighnich dhan chloinn dè na faclan a tha ag innse dhut mun t-seòrsa fuaim a tha aig na sradagan. Lorg iad seo anns an teacsa agus sgrìobh iad air a’ phàipear.

Cuir cearcall timcheall air deireadh nam faclan. Dèan beagan còmhraidh air a’ chomhardadh a tha eadar an dà fhacal. Dèan beagan spòrs le faclan le bhith a’ dèanamh fhaclan ùra le comhardadh. Can nach fheum iad faclan a cheart dha-rìribh a chleachdadh – faodaidh iad faclan a dhèanamh suas iad fhèin – ’s e spòrs a tha ann agus ’s e fuaim an fhacail a tha cudromach.

Coimhead air a’ phuingeachadh. Dèan beagan còmhraidh mu dheidhinn mar a tha loidhne ann am bàrdachd eadar-dhealaichte bho sheantans agus gu bheil i na phàirt dhen ruitheam.

Faighnich dhan chloinn am faic iad pàtran eile sa bhàrdachd – a’ cheist agus an loidhne mu dheidhinn a tha a’ nochdadh anns gach rann.

Gnìomh



Duilleag-obrach 4



Boban

Rann agus spòrs

Faodaidh beagan spòrs a bhith agaibh a' coinneachadh ri Boban a-rithist.

Faodaidh sibh:

- An rann a leughadh còmhla
- An rann a dhèanamh le na gluasadan
- Na gluasadan a mhaidseadh ris na dealbhan
- An rann a ghabhail agus an ruitheam a chumail le
- *Claves* no le a bhith a' bualadh nam basan.

Seall dhaibh a-rithist mar a tha an ruitheam ag innse far a bheil deireadh gach loidhne – chan e seantansan a th' annta.

Tomhais Dè?

Gnìomh:



Gèam Duilleag-obrach 3

Tha an gèam seo a' toirt cothrom an tòimhseachan-tarsainn fheuchainn leis a' chlas no nam buidhnean nas lugha.



Beathaichean

Tha na dealbhan air td 10 agus 11 den leabhar mhòr airson còmhradh a bhrosnachadh.

Còmhradh

'S e dealbh de thuathanas trang anns an dùthaich-sa le mòran bheathaichean rim faicinn a tha seo. Tha cothrom ann airson na beathaichean agus an àl ainmeachadh agus cuideachd a bhith bruidhinn air na rudan a bhios sinn a' faighinn bhuapa.

Anns an dealbh tha **3 uircein**, **5 iseanan circe** agus **3 piseagan** rin lorg.



Ann an Afraga

Tha dealbh gu tur eadar-dhealaichte air na duilleagan seo a tha a' sealltainn bheathaichean fiadhaich anns an àrainneachd aca fhèin.

Fiosrachadh

Ailbheanan – Bidh an t-ailbhean fireann a' cumail aige fhèin. Bidh an tè bhoireann a' fuireach comhla ris an àl.

Baboons – Bidh iad a' giùlan an àil air an druim.

Leòmhainn – Tha coltas fiadhaich air an fhear fhireann ach 's e an leòmhann boireann a bhios a' sealg.

Liopard – Gu math tric bidh liopard a' slaodadh a bhìdh suas gu mullach craoibhe far am faigh e ithe ann am fois.

Eich-aibhne – Is toigh le eich-aibhne a bhith gam bogadh fhèin anns a' pholl. Bidh seo gan cumail gun fàs ro thioram.

Gèam



Cò Mi?

Feumaidh am pàiste fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn beathach gun a bhith ga ainmeachach, mar eisimpleir:

“Tha mi meadhanach mòr le ceithir casan. Tha mo cheann dubh ach tha mo chorp geal. Bidh mi ag ithe feur. Gheibh thu clòimh bhuan.” Cò mi?



A' glanadh tanca òr-iasg / a' biathadh peata

A' Sgrìobhadh Stiùireadh

A. A' leughadh Stiùireadh

Coimhead timcheall air a' chlas/ an sgoil airson eisimpleirean stiùiridh, Mar – 'Nigh do làmhnan'; 'Coisich'.

Bruidhinn air dè cho cudromach 's a tha stiùireadh nar beatha. Cluich gèam mar 'Tha Sìm ag ràdh' agus thoir cothrom dhaibh na h-òrdain a thoirt seachad.

Fosgail an leabhar mòr aig td 16 agus 17 agus leughaibh an teacsa còmhla. Carson a tha àireamhan aig na dealbhan? Innis dhaibh gu bheil stiùireadh ag innse dhut mar a nì thu rudeigin ann an òrdugh: mar eisimpleir, feumaidh tu an t-iasg a thoirt às an tanca mus dòirt thu às an t-uisge.

Iarr orra na litrichean mòra agus na stad-phuingean a lorg. Seall dhaibh mar a bhios gach seantans a' tòiseachadh air loidhne ùr agus gu bheil iad goirid.

Tha iad nas fhasa an leughadh mar sin.

Gnìomh



Duilleagean-obrach 5 agus 6: (a rèir comais) Iarr air a' chloinn na dealbhan a ghearradh a-mach agus an cur ann an òrdugh, le àireamh air gach tè. Airson **Duilleag-obrach 6** iarr air a' chloinn an stiùireadh a chrìochnachadh, le bhith a' cleachdadh fhaclan bhon leabhar mhòr.

Brosnaich a' chlann gu bhith a' leughadh a-mach an stiùireadh aca. Tha e cudromach gum fàs iad eòlach air a bhith a' cleachdadh an t-seòrsa cainnt seo.

Co-dhùnadh

Leugh an stiùireadh anns an leabhar a-rithist. Brosnaich a' chlann gu bhith ga leughadh còmhla riut. Cuimhnich air na puingeann cudromach mu dheidhinn stiùireadh (tha e ag innse do chuideigin dè na tha aca ri dhèanamh, tha gach stiùireadh a' tòiseachadh air loidhne ùr, gu math tric tha na puingeann ann an òrdugh le àireamhan orra). Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a sgrìobhadh an stiùiridh agaibh fhèin airson mar a bhios sibh a' coimhead às dèidh peata.



B. A' Planadh Stiùireadh



Feumaidh tu: leabhar mòr td 16 agus 17 ('A' glanadh tanca òr-iasg) agus td 14 agus 15 ('A' biathadh peata'), pìos mòr pàipeir agus peann.

Dèan beagan còmhraidh air na dh'ionnsaich iad san t-seisean mu dheireadh. Dè tha àraid mu dheidhinn a bhith a' sgrìobhadh stiùireadh? (tha e ag innse do chuideigin dè na tha aca ri dhèanamh, tha gach stiùireadh air loidhne ùr, tha na puingeann ann an òrdugh). Leugh thairis air td 16 agus 17 a-rithist.

Innis dhan chloinn gu bheil sibhse a' dol a dhèanamh postair stiùiridh dhuibh fhèin air mar a bhios sibh a' biathadh peata.

Ma tha peata aig a' chlas agaibh 's ann dha a bhios e. Mura bheil, taghaibh peata. Dèanaibh beagan còmhraidh air dè na rudan a dh'fheumas am peata agaibh. Can gum bi e cuideachail plana a dhèanamh an toiseach.

Air a' phìos pàipeir sgrìobh faclan feumail a chanas a' chlann. Mar eisimpleir, tanca, dòirt, uisge, biadh, clachan.

Smaoinich air dè dhèanadh tu an toiseach, agus cuir àireamh 1 ri taobh an fhacail sin ... agus mar sin air adhart.

Dèan cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn cho cudromach 's a tha an t-òrdugh.

Gnìomh



Duilleag-obrach 7

Thoir cothrom dhan a' chloinn a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn mus cuir iad na dealbhan ann an òrdugh. Nuair a tha iad deiseil, broснаich iad gu bhith ag innse an stiùireadh aca, a' cleachdadh cànan freagarrach. Dh'fhaodadh iad seo a dhèanamh còmhla ri caraaid – aonan a' toirt seachad òrdugh agus an duine eile ga dhèanadh.

Co-dhùnadh

Fosgail an leabhar mòr aig td 14 agus 15 agus cuiribh àireamh air a h-uile dealbh còmhla.

Faodaidh a' chlann coimeas a dhèanamh eadar am plana acasan agus an leabhar. Innis dhan chloinn gu bheil iad dol a sgrìobhadh an stiùiridh aca fhèin san ath sheisean.



C. A' chiad dreachd



Feumaidh tu: Plana a' chlas, planaichean na cloinne agus bùird bheaga gheala (aon eadar dithis)

Cuir suas plana a' chlas. Can gu bheil sibh a' dol ga chleachdadh airson stiùireadh a sgrìobhadh. Brosnaich a' chlann gus innse dhut na rudan cudromach mu dheidhinn stiùireadh (tha gach pìos den stiùireadh a' tòiseachadh air loidhne ùr, tha iad ann an òrdugh agus tha iad goirid agus furasta an tuigsinn).

Lorg an dealbh leis an àireamh 1 agus bruidhinn air ciamar a dh'fhaodadh tu an t-seantans a sgrìobhadh. Can – “Feumaidh sinn am biadh fhaighinn an toiseach – Faigh am biadh.” Seall dhaibh mar a bhios tu a' taghadh cànan.

Dh'fhaodadh a' chlann an t-seantans fheuchainn air na bùird gheala.

Sgrìobh an t-seantans air a' bhòrd. Leugh i agus faighnich dè a tha a dhìth (an àireamh)? Cùm ort anns an dòigh seo – cuimhnich gum bi gach seantans a' tòiseachadh air loidhne ùr air chor 's gum bi e furasta a leughadh .

Innis dhan chloinn gu bheil iadsan a' dol a sgrìobhadh an stiùireadh aca fhèin.

Gnìomh



Duilleag-obrach 7 agus striopan pàipeir. Cuir iad ann am buidhnean de chòighear.

Thoir aon dealbh bho **Duilleag-obrach 7** agus striop pàipeir dhan a h-uile duine. Faoaidh iad an t-seantans a tha a' dol leis an dealbh a tha aca a dhèanamh.

D. A' toirt sùil air agus ga atharrachadh



Feumaidh tu: Plana a' chlas, obair na cloinne.

Theirig thairis air an stiùireadh a sgrìobh sibh roimhe, a' coimhead air a' chànan a chleachd sibh agus an dreach a tha air.

Dèan cinnteach gu bheil sibh uile toilichte leis – a bheil rud ann a tha sibh airson atharrachadh?

Coimhead air feadhainn dhe na pìosan sgrìobhaidh a rinn a' chlann air na striopan aca. A bheil rud sam bith ann a tha sibh airson atharrachadh? Smaoinich air litreachadh, puingeachadh, cànan.



Gnìomh

Iarr orra, ann am buidhnean, seasamh ann an òrdugh leis an stiùireadh aca. Nuair a tha iad deiseil, dh'fhaodadh iad na striopan a leughadh a-mach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad ann an òrdugh.

Dh'fhaodadh iad a-nis an stiùireadh aca a steigeadh ann an òrdugh air pìos cairt A3.

Co-dhùnadh

Faodaidh aon phàiste bho gach buidheann an stiùireadh aca a leughadh a-mach. Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a chur crìoch air a' phostair an ath thuras.

E. A' dèanamh postair stiùiridh



Feumaidh tu : Pìosan cairt A3, eisimpleir de phostair, pinn agus peansailean

Cuimhnich dhaibh gu bheil sibh a' dol a dhèanamh postair stiùiridh a dh'innseas mar a bhios sibh a' biathadh peata.

Coimhead air a' phostair eile. Coimhead air an dreach a tha air: mar eisimpleir, tìotal nas motha na an còrr agus dealbhan a tha gar cuideachadh.

Gnìomh

Ann am buidhnean faodaidh iad dealbh a dhèanamh airson an t-seantans a sgrìobh iad agus an uair sin na dealbhan a steigeadh ann an òrdugh air a' phostair. Feumaidh iad smaoinichadh air tìotal air a shon.

Co-dhùnadh

Can cho math 's a rinn a h-uile duine. Coimhead air na postairean agus faighnich a bheil iad uile soilleir agus furasta an leantainn.

Bruidhinn a-rithist air na puingeann teagaisg. Croch na postairean faisg air àite a' pheata ma tha fear agaibh.



F. A' sgrìobhadh stiùireadh

An-diugh innis dhaibh stòiridh mu Mhgr Dìochuimhneach agus mar a chaidh e dhan sgoil aon latha gun aodach. Cha robh cuimhne aige aodach ceart a chur air no a bhaga a thoirt leis. Can gu bheil sinne a' dol a sgrìobhadh stiùireadh dha gus nach tachair seo a-rithist.

Cuimhnich dhaibh mar a rinn iad an stiùireadh roimhe agus na puingean cudromach mu dheidhinn stiùireadh.

Dh'fhaodadh sibh planadh mar a rinn sibh roimhe.

Dh'fhaodadh iad gèam mar "Tha Sìm ag ràdh" a chluich, a' cleachdadh an t-seòrsa cànan a dh'fheumadh iad airson seo.



Tha Clàr-planaidh B anns an leabhar air td 41 a dh'fhaodadh sibh a chleachdadh airson planadh còmhla agus cuideachd **Duilleag-obrach 8** airson ur cuideachadh.



Fèill Pheataichean

A'sgriobhadh earrann fiosrachaidh

Tha td 18 gu 21 anns an leabhar mhòr a' sealltainn mar a chuir Megan, nighean bheag ann an clas 4, air dòigh fèill pheataichean.

Tha eisimpleirean de dhiofar seòrsa sgrìobhaidh ann: postair, litir, liosta, litir fiosrachaidh, pìos sa phàipear, sanas.

Dh'fhaodadh a' chlann na modailean seo a chleachdadh airson am pìosan fhèin a sgrìobhadh.



Peataichean

Sgrìobhadh fiosrachail

A. A' coimhead air earrann fiosrachaidh



Feumaidh tu: leabhar mòr td 22 agus 23, pìos *acetate*, pinn dhathte agus eisimpleirean de leabhraichean fiosrachaidh.

Coimhead air na dealbhan air td 22 agus 23. Innis dhan chloinn gu bheil sibh a' dol a dhèanamh leabhar fiosrachaidh mu bheathaichean.

Coimhead air eisimpleir de leabhar fiosrachaidh.

A bheil e coltach ri leabhar stòiridh? Ciamar a tha e diofraichte?

Brosnaich a' chlann gu bhith coimhead air an dreach, mar eisimpleir cinn-sgrìobhaidh, bileagan, clàir agus msaa.

Coimhead air a' chlàr-innse agus dèan beagan còmhraidh air an adhbhar a tha an seòrsa leabhair seo ann.

Coimhead a-nis air an leabhar mhòr td 22 agus 23 agus faighnich an ann à leabhar stòiridh no leabhar fiosrachaidh a tha seo? Ciamar a tha fios aca (me cinn-sgrìobhaidh, dealbhan,...) Cleachd am pìos *acetate* agus na pinn dhathte airson loidhne a chur fo na comharran seo. Leugh an tiotal agus can gum bi e ag innse dhuinn dè an cuspair a tha air an duilleig.

Coimhead air na fo-chinn agus seall mar a bhios iad ag innse dhut cò mu dheidhinn a tha am pìos sin.

Coimhead air na bileagan agus dèan beagan còmhraidh mu dheidhinn mar a bhios iad dìreach ag innse dhut ainm an rud – chan eil iad ag innse dhut cò ris a tha e coltach agus cuideachd chan eil iad sgrìobhte ann an seantansan.

A bheil rud sam bith eile ann a dh'fhaodadh iad a chur dhan dealbh? Ma-thà, dh'fhaodadh sibh an cur ann.

Gnìomh



Duilleagan-obrach 9-10: Dh'fhaodadh a' chlann na bileagan a ghearradh 's a steigeadh san àite cheart no an copigeadh bhon leabhar mhòr a rèir comais.



Co-dhùnadh

_ Mìnich na puingean cudromach mu dheidhinn teacsa fiosrachaidh (tràth làthaireach, cinn-sgrìobhaidh, bileagan agus msaa)

B. A' planadh earrannan fiosrachaidh



Feumaidh tu: leabhar mòr td 22 agus 23 agus Clàr-planaidh C air td 42, pìos acetate.

Dh'fhaodadh sibh an Clàr-planaidh air td 42 a lìonadh airson fear de na beathaichean, na bileagan a chur ann agus buadhairean a chur ann cuideachd. Dèan cinnteach gun tuig iad gur e plana a th' ann agus gur e dìreach faclan a tha sibh a' cur sìos.

A bheil fiosrachadh eile ann a dh'fhaodadh sibh a chleachdadh? Leugh na pìosan fiosrachaidh eile a tha ann agus smaoinich air ciamar a dh'fhaodadh sibh sin a chur dhan chlàr. A bheil fiosrachadh eile ri fhaighinn às an dealbh?

Leugh thairis air a' phlana. Dèan cinnteach gu bheil a h-uile rud a tha dhìth oirbh ann. Dèan beagan còmhraidh air mar a sgrìobh sibh na notaichean agus mar nach do sgrìobh sibh ann an seantansan slàn aig an ìre seo.

Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a sgrìobhadh earrann fiosrachaidh an ath thuras.

C. A' sgrìobhadh earrann fiosrachaidh



Feumaidh tu: Clàr-planaidh C td 42 (plana a' chlas), acetate agus pìos mòr pàipeir.

Dèan beagan còmhraidh mu dheidhinn a' phlana a rinn sibh roimhe agus air an leabhar a tha sibh a' dol a dhèanamh.

Faodaidh sibh am pìos sgrìobhaidh a dhèanamh còmhla, a' sealltainn mar a bhios sibh a' dèanamh sheantansan bho na notaichean agaibh.

Gnìomh



Tha **Duilleagan-obrach 9, 10 agus 11** ann a chuidicheas a' chlann gus aithris a sgrìobhadh air na beathaichean eile airson an leabhair.



Dealbh le Faclan

Còmhradh

Air tìd 24 agus 25 tha dealbh de chraoibh agus de chat air an lìonadh le faclan. Tha na faclan cuideachail airson dealbh a dhèanamh san inntinn.

Timcheall orra tha dealbhan beaga. Dh'fhaodadh sibh na faclan a leughadh agus còmhradh a dhèanamh mun deidhinn.

Ma chleachdas sibh am pìos *acetate*, faodaidh sibh loidhne a dhèanamh eadar am facal agus an dealbh as freagarraiche. Dh'fhaodadh sibh smaoinichadh air faclan eile agus an cur ris a' chòrr.

Geamannan



1. "Chaidh mi dhan choille agus chunnaic mi..."

Tha an gèam seo coltach ris a' ghèam, 'Chaidh mi air mo shaor-làithean agus thug mi leam..."

Ma chumas sibh an leabhar mòr fosgailte aig an duilleig cheart, faodaidh a' chlann cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas iad e.



2. Cat a' mhinisteir.

Gnìomh



Tha dealbh fhalamh de bhalach air **Duilleag-obrach 12** a dh'fhaodadh sibh a lìonadh.

Bhiodh e na b' fheàrr beagan còmhradh a dhèanamh an toiseach agus 's dòcha gèam mar Gèam 1 a chluich mus toisich iad air an Duilleag-obrach.



Uair a bha siud ...

Còmhradh agus ag ath-innse stòiridh

Air td 26 agus 27 anns an leabhar mhòr tha dealbh inntinneach a tha gabhail a-steach na caractaran as na stòiridhean: Na trì gobhair Gruff, Na trì mucan beaga, Hansel agus Gretel, Seoc agus a' chraobh phònair, Na trì mathain, An Gille Bonnaich agus Nighean Bheag a' Chleòca Dheirg.

Tha na leabhraichean seo uile rim faighinn ann an Gàidhlig agus tha e cudromach gum bi a' chlann eòlach air na stòiridhean ann an Gàidhlig mus coimhead sibh air an dealbh.

Nuair a bhios sibh a' leughadh nan leabhraichean, bhiodh e math beagan còmhradh a dhèanamh mu dheidhinn mar a tha an seòrsa stòiridh seo a' toiseachadh agus dè an seòrsa deiridh a bhios oirre.

- Na trì gobhair Gruff (Storyworlds 3)
- Na Trì Mucan Beaga (Rigby) Big Book
- Hansel agus Gretel (Storyworlds)
- Seoc agus a' chraobh phònair (Storyworlds)
- Goldilocks agus na trì mathain (Mimosa) Big Book
- An Gille Bonnaich (Storyworlds 6)
- Nighean Bheag a' Chleòca Dheirg (Ladybird)

Dèan còmhradh mu dheidhinn nan dealbhan agus nan caractaran a tha san leabhar. A bheil fios aca dè na stòiridhean anns a bheil na caractaran?

Aig an ìre seo thoir cothrom dhaibh na stòiridhean innse dhut ma tha iad comasach air an sin. Thoir misneachd dhaibh a bhith cleachdadh na Gàidhlig airson seo a dhèanamh agus cuimhnich gu bheil e car doirbh dhaibh on a tha iad nas eòlaiche air an t-seòrsa stòiridh seo ann am Beurla na tha iad ann an Gàidhlig .

Gnìomh



Le **Duilleagan-obrach 13 agus 14** feumaidh iad na dealbhan a chur ann an òrdugh. Às dèidh dhaibh seo a dhèanamh, bhiodh e math nam faigheadh iad cothrom an stòiridh ath-innse do dh'inbheach agus air beulaibh a' chlas.

Aig an ìre seo bhiodh e math dràma no obair le pupaidean a dhèanamh airson cothrom a thoirt dhaibh cànan freagarrach a chleachdadh.



Dochaidh Beag agus Dochaidh Mòr

Ag èisteachd ri stòiridh

'S e stòiridh glè fhada a tha seo airson sgilean èisteachd na cloinne a bhrosnachadh.



Mus leugh sibh an stòiridh bhiodh e cuideachail **Duilleag-obrach 15** agus an gèam a leanas a dhèanamh.



Duilleag-obrach 15 (Cuir dath). Innis dhan chloinn gu bheil sibh a' dol a leughadh stòiridh a dh'aithghearr mu dheidhinn nan caractaran seo. Suidh agus bruidhinn riutha mun deidhinn fhad 's a bhios iad a' cur dath.

Tha an Gèam airson 's gun tuig iad an cànan 'Thug e dha a' bhasgaid' anns an stòiridh agus gum fàs iad eòlach air an diofar eadar "thug mi dha/dhi".



Feumaidh sibh **Gèam Duilleag-obrach 2**.

Cuir a' chlann ann an cearcall. Seall dhaibh a' bhasgaid làn chnothan.

Bruidhinn riutha an toiseach air mar a chleachdas tu **thug mi dha** no **dhi e**.

An uair sin iarr orra an sùilean a dhùnadh agus an làmhnan a chur air an cùlaibh. Innis dhaibh gu bheil thu a' dol a thoirt na basgaid do chuideigin 's gum feum iad a cur am falach.

Nuair a bhios tu air seo a dhèanamh, iarr orra an sùilean fhosgladh.

Tidsear – Cò dha an tug/a thug mi a' bhasgaid? An tug mi dhise i? (dha Eilidh/ do dh'Eilidh?)

Eilidh – Cha tug thu dhòmhsa a' bhasgaid – thug thu dhàsan i (dha Sam/ do Sham?)

Sam – Cha tug thu dhòmhsa i ... 's mar sin air adhart ...

Às dèidh dhuibh an stòiridh a leughadh, dèanaibh tòrr còmhraidh mu deidhinn. Dèan cinnteach an toiseach, le bhith gan ceasnachadh, gun do thuig a' chlann an stòiridh. Ciamar a bha Dochaidh Mòr a' faireachdainn mu dheidhinn Dochaidh Beag aig toiseach na stòiridh? An do dh'atharraich seo? Ciamar?

Dèan cinnteach gun do thuig iad a' chainnt – gu grad, liùg, gu fàillidh, a' snàigeadh.

Dh'fhaodadh iad beagan mìm a dhèanamh airson 's gun cùm iad an cànan nan cuimhne.

Coimhead nas mionaidiche air mar a tha 'cat mòr rocach dubh' sgrìobhte. Bruidhinn air mar a tha na faclan a' dèanamh dealbh dhut nad inntinn.

Dh'fhaodadh sibh gèam mar 'Cat a' mhinisteir' a chluich.



Ag ath-innse na stòiridh



Feumaidh tu leabhar mòr td 32 agus 33

Brosnaich a' chlann gus an stòiridh innse dhan chlas, a' cleachdadh nan dealbhan. Brosnaich iad gus an cànan ùr a dh'ionnsaich iad a chleachdadh.



Na Trì Mathain

Ag ath-innse na stòiridh

A. A' cuimhneachadh air an stòiridh



Feumaidh tu: leabhar mòr td 34 agus 35, pìos mòr pàipeir

Fosgail an leabhar mòr aig td 34.

Leughaidh an rann còmhla agus dèanaibh beagan còmhraidh mu dheidhinn na stòiridh, 'Na trì mathain'. Brosnaich a' chlann gu bhith ag innse na stòiridh. Aig an aon àm sgrìobh faclan feumail. Cuimhnich dhaibh mar a bhios stòiridh mar seo a' tòiseachadh: mar eisimpleir "Uair a bha siud ..." agus air an seòrsa deiridh a bhios oirre.

Puingean cudromach airson stòiridh mar seo:

Abairtean freagarrach:	"Uair a bha siud ..."
Structar:	Toiseach, meadhan agus deireadh
Tràth a' ghnìomhair:	Daonnan coileanta
Deireadh:	Daonnan sona

Gnìomh



Duilleag-obrach 16

Cuir na dealbhan ann an òrdugh agus sgrìobh na faclan. Aig an deireadh innis an stòiridh dha do charaid.

Co-dhùnadh

Bruidhinn a-rithist air na puingeann cudromach agus dèan 'postair' le na rudan a dh'fheumas a bhith ann an stòiridhean mar seo:

- "Uair a bha siud ..."
- Toiseach
- Meadhan
- Deireadh (sona)



B. A' dèanamh Plana



Feumaidh tu: Leabhar mòr td 34 agus 35 agus td 43 (clàr-planaidh D), na Duilleagan-obrach a rinn a' chlann, pìos acetate agus peann.

Innis dhan chloinn gu bheil sibh a' dol a dhèanamh leabhar mòr 'Na trì mathain'. An toiseach feumaidh sibh plana a dhèanamh airson dèanamh cinnteach gu bheil e san òrdugh cheart.

Cuimhnich dhaibh cho cudromach 's a tha e gum bi toiseach, meadhan agus deireadh air an stòiridh.

Fosgail an leabhar mòr aig td 43 (Clàr-planaidh D).

Tha ceistean an seo airson ur cuideachadh. Brosnaich a' chlann gus do chuideachadh ga lìonadh a-staigh. Cuimhnich dhabh gur e plana a tha ann 's nach e seantansan a bhios tu a' sgrìobhadh.

Gnìomh



Duilleagan-obrach 17,18 agus 19



Dh'fhaodadh iad na notaichean air **Duilleag-obrach 17** a ghearradh a-mach 's an steigeadh anns an àite cheart air **Duilleag-obrach 18** no am plana aca fhèin a sgrìobhadh air.



Duilleag-obrach 19 a rèir comais.

Bhiodh e math aig an ìre seo an stòiridh a dhèanamh le pupaidean no gluasadan shuidheachain a dhèanamh far am bi a' chlann a' ceasnachadh nan caractaran.

Co-dhùnadh

Brosnaich a' chlann gus an obair aca a shealltainn do chàch agus a leughadh a-mach. Cuimhnich dhaibh cho cudromach 's a tha e gu bheil an stòiridh san òrdugh cheart. Innis dhaibh gu bheil sibh a' dol a chleachdadh nam planaichean san ath sheisean.

C. A' chiad dreachd



Feumaidh tu: Plana a' chlas, pìos mòr pàipeir, bùird bheaga gheala agus pinn.

Cuir suas am plana mòr a rinn sibh roimhe. Can gu bheil sibh a' dol a sgrìobhadh na stòiridh a' cleachdadh a' phlana. Cuimhnich dhaibh gu bheil sibh a' dol a chur stòiridh a h-uile duine anns an leabhar mhòr agus gum faic na clasaichean eile e.



Can gu bheil sibh a' dol a sgrìobhadh toiseach na stòiridh. Ciamar a bhios sinn a' tòiseachadh stòiridh mar seo? Nuair a chanas cuideigin 'Uair a bha siud' thoir cothrom dhaibh sin a sgrìobhadh air am bùird gheala 's a shealltainn dhut.

Cuidich iad le bhith a' faighneachd, 'Dè an ath rud a thachair?' Cuimhnich dhaibh gu bheil sibh anns an tràth choileanta. Seall dhaibh mar a bhios tu daonnan:

- Ga ràdh an toiseach
- Ga sgrìobhadh
- Ga leughadh airson a bhith cinnteach nach do dh'fhàg thu facal a-mach

Iarr air a' chloinn tionndadh gu caraid agus innse dha/dhi an ath rud a thachair. A-nis faodaidh iad seo a sgrìobhadh air na bùird gheala.

Bhiodh e math aig an ìre seo ùine a chur seachad a' coimhead agus a' bruidhinn air na sgrìobh iad air na bùird gheala 's a' dèanamh cinnteach gur e seantansan a sgrìobh iad. Cùm a' coimhead air ais air a' phlana.

Aig deireadh na stòiridh iarr orra smaoinichadh air seantans fhreagarrach. Dh'fhaodadh iad seo a sgrìobhadh air na bùird gheala 's a shealltainn dhut.

Gnìomh



Dh'fhaodadh a' chlann an stòiridh aca fhèin a sgrìobhadh, a' cleachdadh a' phlana aca fhèin no **Duilleag-obrach 20** a rèir comais.

Co-dhùnadh

Faodaidh a' chlann an obair aca a shealltainn dhan a' chlas. Bruidhinn air mar a tha an obair aca diofraichte, dè na rudan as toigh leotha no nach toigh leotha mu dheidhinn an cuid obrach. An robh pìosan doirbh ann? Can gum bi sibh a' coimhead thairis air na stòiridhean san ath sheisean gus dèanamh cinnteach gu bheil iad cho math 's as urrainn dhaibh a bhith.

D. A' toirt sùil air ais agus ga atharrachadh

Feumaidh tu: Postair bho sheisean A, stòiridh a' chlas bho sheisean C agus stòiridhean na cloinne.

Cuimhnich dhaibh gu bheil sibh a' dol a dhèanamh nan stòiridhean aca cho math 's as urrainn dhuibh airson an leabhair mhòir.

Thèirig thairis air na rudan àraid a tha ann an stòiridh mar seo. Coimhead air a' phostair a rinn sibh roimhe.



Coimhead air obair na cloinne. Can cho math 's a tha e agus faighnich dhan sgrìobhadair fhèin a bheil na rudan àraid ann.

Mar chlas smaoinichibh a bheil rud sam bith ann a dh'fhaodadh a bhith air a chur ris no atharrachadh.

Gnìomh

Thoir cothrom dhan chloinn coimhead air an cuid obrach còmhla ri caraaid ach an lorg iad rud sam bith a dh'fhaodadh atharrachadh. Feuch gum bi sibh gam moladh ma lorgas iad dad.

Co-dhùnadh

Iarr air a' chloinn innse dhan a' chlas na rudan a dh'atharraich iad 's mar a rinn iad an sgrìobhadh aca nas fheàrr.

Can gu bheil sibh deiseil a-nis airson an leabhar mòr a dhèanamh.

E. A' foillseachadh an leabhair

Dèanaibh beagan còmhraidh air an dreach a bhios air beulaibh agus cùlaibh an leabhair. Coimheadaibh air eisimpleirean de leabhraichean eile. Dèan liosta de na rudan a dh'fheumas a bhith air a' chòmhdach mar : tiotal, dealbh, ainm an sgrìobhadair agus msaa.

Iarr orra smaoineachadh air tiotal freagarrach. Dh'fhaodadh sibh bhòtadh air an seo. Sgrìobh sìos e, a' bruidhinn air meudachd agus puingeachadh.

Bruidhinn air dreach beulaibh an leabhair – càit an cuir sibh an tiotal, ainm an sgrìobhadair ...? Seall dhaibh an dreach air pìos A4.

Dèanaibh beagan còmhraidh air an dealbh a bhios air beulaibh an leabhair.

Faighnich dhaibh dè bhios a' dol air cùl an leabhair. Coimhead air eisimpleir de leabhar. Innis dhaibh gum bi pìos goirid ann uaireannan ag innse mu dheidhinn an sgrìobhadair agus na stòiridh.

Gnìomh

Iarr air a' chloinn gnìomh a dhèanamh a rèir comais gus an leabhar a lìonadh leis an obair aca.

Co-dhùnadh

Brosnaich a' chlann gus an leabhar aca a shealltainn agus a leughadh dha na clasaichean eile agus 's dòcha a chumail anns an leabharlann.



0 0

A' leughadh bàrdachd



Feumaidh sibh td. 36 agus 37 dhen leabhar mhòr agus pìos mòr pàipeir.

Leugh a' bhàrdachd, a' cur tòrr faireachdainn nad ghuth.

Dèan beagan còmhraidh mu dheidhinn na tha a' tachairt. An uair sin leugh e a-rithist, an turas seo a' cur do chorraig fo na faclan. Dèan cinnteach gu bheil do ghuth ag èirigh mar a tha faireachdainn nam faclan a' fàs nas làidire.

Puingean teagaisg:

An diofar eadar bàrdachd agus stòiridh (chan eil seantansan slàn ann am bàrdachd an-còmhnaidh)

Meudachd nam faclan.

Gnìomh

Coimhead air an rann mu dheireadh. Dè tha sibh a' smaoinichadh a tha a' dol a thachairt a-nis? Dèanaibh còmhradh air na rudan a dh'fhaodadh tachairt agus sgrìobh feadhainn de na beachdan air pìos pàipeir. Thoir cothrom dhan a h-uile pàiste am beachd innse dhan a' chlas.

Dh'fhaodadh a' chlann crìoch a chur air a' bhàrdachd, a' cleachdadh an aon structair, no dh'fhaodadh iad a sgrìobhadh mar stòiridh.



Tuilleadh spòrs le Boban

Còmhradh



Feumaidh tu: leabhar mòr td 38 agus 39, pìos acetate agus peann.

Leugh an rann còmhla ris a' chloinn, a' dèanamh cinnteach gu bheil ruitheam nad ghuth. Dh'fhaodadh sibh ur làmhnan a bhualadh ri chèile aig an aon àm.

Dèanaibh beagan còmhradh air na tha Boban a' dèanamh, mar eisimpleir na shuidhe *air* a' bhalla, a' falach *air cùlaibh* craoibh.

Cuir am pìos *acetate* suas agus dh'fhaodadh a' chlann loidhne a dhèanamh eadar an dealbh agus am facal ceart.

Gèam



Dèan e!

Faodaidh an tidsear no pàiste a bhith a' toirt seachad òrdain, mar eisimpleir, "Seas ri taobh an dorais", "Suidh fon bhòrd" agus mar sin air adhart.